



National
Qualifications
2024

X831/77/11

**Gaelic (Learners)
Reading and Translation**

WEDNESDAY, 29 MAY

9:00 AM – 10:30 AM

Total marks — 50

SECTION 1 — READING — 30 marks

Attempt ALL questions.

Write your answers clearly, in **English**, in the answer booklet provided. In the answer booklet you must clearly identify the question number you are attempting.

SECTION 2 — TRANSLATION — 20 marks

Attempt to translate the whole extract.

Write your translation clearly, in **English**, in the answer booklet provided. In the answer booklet, you must clearly identify the section number you are attempting.

You may use a Gaelic dictionary.

Use **blue** or **black** ink.

Before leaving the examination room you must give your answer booklet to the Invigilator; if you do not, you may lose all the marks for this paper.



* X 8 3 1 7 7 1 1 *

SECTION 1 — READING — 30 marks

Attempt ALL questions

Read the whole article carefully and then answer, in **English**, ALL the questions that follow.

This article is about the evolution of coffee.

Cofaidh

Bidh 69% de dh'Eòrpaich ag òl dà chupa no barrachd de chofaidh a h-uile latha. A rèir rannsachadh a chaidh a dhèanamh le Comann Cofaidh Bhreatainn, chaidh 95 millean cupa cofaidh òl ann am Breatainn ann an 2018. Tha iomadh seòrsa cofaidh ann — a h-uile càil bho chofaidh grad gu cofaidh le deigh, làn bainne is siùcar, gu pònairean cofaidh ròsta air am
5 briseadh sìos gu faiceallach ann an inneal cofaidh aig an dachaigh no aig a' bhùth cofaidh ionadail. Ciamar a thàinig cofaidh gu bhith cho cudromach nar cultar?

Tha iomadh dùthaich a' cumail a-mach gur iad a thòisich ag òl cofaidh an toiseach. Is ann à lemen a tha an clàr as tràithe a tha againn air daoine a bhith ag òl cofaidh. Thàinig am facal Beurla '*coffee*' bhon fhacal Arabais '*quahweh*'.

10 Thàinig cofaidh dhan Roinn Eòrpa anns an 17mh linn. B' e na h-Eadailtich, na Fraingich agus na Duitsich a dh'òl cofaidh an toiseach. B' ann anns an Òlaind a nochd taighean-cofaidh airson a' chiad uair. Tha iad seo rim faicinn ann an dealbhan a chaidh a pheantadh leis an neach-ealain Dhuitseach, Adriaen Van Ostade eadar 1610 agus 1675.

15 Ann an 1971, dh'fhosgail *Starbucks* a' chiad bhùth aca ann an Seattle. Bha stiùiriche a' chompanaidh, Howard Schultz, airson cultar cafaidh Eadailteach a thoirt dha na Stàitean Aonaichte, le deochan cumanta ann an stoidhle Eòrpach leithid *espresso* agus *cappuccino*. Ann an 2008 bha 29,324 *Starbucks* air feadh an t-saoghail le timcheall air leth dhiubh anns na Stàitean Aonaichte.

20 Tha buaidh mhòr chultarach aig taighean-cofaidh anns na làithean seo. A rèir an sòiseo-eòlaiche Ray Oldenburg, tha bùthan is taighean-cofaidh mar sheòrsa de 'treas àite' — suidheachadh sòisealta cudromach taobh a-muigh na dachaigh no obair. 'S e an 'treas àite', àite fosgailte far am faod a h-uile duine coinneachadh. Tha iad ag amas air coimhearsnachd agus còmhraidh a bhrosnachadh. Is iad na 'treas àiteachan' cudromach eile bàraichean, taighean-bìdh agus pàircean.

25 Gu h-eachdraidheil, tha bàraichean air a bhith mar an 'treas àite' air prògraman telebhisean. Mar eisimpleir, chaidh am prògram telebhisean '*Cheers*' a chumail cha mhòr taobh a-staigh bàr. Thòisich cùisean ag atharrachadh anns na 1990an le prògramman mòra leithid '*Frasier*' agus '*Friends*'. Ann am '*Friends*', b' e *Central Perk* an taigh-cofaidh agus bhiodh na caractaran a' cosg a' mhòr-chuid den ùine aca ann. Bha *Central Perk* cho ainmeil 's gun do dh' fhosgail

30 Warner Brothers airson mìos 'pop-up' coltach ris an taigh-cofaidh ainmeil ann an 2014, deich bliadhna às dèidh dhan phrògram tighinn gu crìch. Tha a' bhuidhe aig a' phrògram '*Friends*' ri fhaicinn anns an dòigh a bhios sinn a' frithealadh chafaidhean agus taighean-cofaidh an-diugh. Rinn cafaidhean neo-eisimeileach \$12 billean ann an 2017, a' sealltainn gu bheil sinn a' cosg tòrr airgid agus tòrr ùine annta.

35 Ged a tha daoine measail air cafaidhean agus taighean-cofaidh mar àite coinneachaidh, tha a' mhòr-chuid de na prothaidean aca a' tighinn bhon chofaidh a tha luchd-ceannach a' toirt air falbh leotha. Ann an 2016, bha còrr is 6 millean òrdugh cofaidh airson a thoirt air falbh a' dol tro app *Starbucks* gach mìos. Tha daoine ag iarraidh seirbheis luath èifeachdach agus bidh seo a' meudachadh prothaidean cuideachd.

40 Thuirt Iain MacFhionghain, 'Bidh mise a' ceannach cupa cofaidh cha mhòr a h-uile latha air an t-slighe dhan oifis. Chan eil e a' cosg ach dà not.' 'S e sin deich not gach seachdain,

ceathrad not gach mìos, cha mhòr còig ceud not gach bliadhna! Tha seo glè chumanta. A rèir rannsachadh a rinn companaidh in-ionmhas, bidh 41% de dhaoine eadar 18 agus 35 a' cosg barrachd air cofaidh gach bliadhna na bhios iad a' sàbhaladh airson cluaineis. Lorg iad
45 cuideachd a-mach nach bi airgead gu leòr aig na daoine seo airson sguir a dh'obair gus am bi iad nas sine na 65. 'S dòcha gum biodh iad na b' fheàrr dheth a bhith a' cur an airgid dhan bhanca seach don chafaidh.

Le àireamh cho mòr de chupannan pàipeir no plastaig air an tilgeil dhan bhiona a h-uile latha, chan eil dòigh ann nach eil taighean-cofaidh a' cur ris an t-suidheachadh èiginneach
50 anns a bheil sinn a thaobh blàthachadh na cruinne. Tha draghan mu atharrachadh na sìde agus truailleadh a' toirt buaidh air mar a bhios sinn a' lorg agus ag òl ar cofaidh. Beag air bheag, tha companaidhean cofaidh a' feuchainn ri ceumannan a ghabhail gus cùisean a leasachadh. Mar eisimpleir, tha iad a' feuchainn ri luchd-ceannach a bhrosnachadh gu bhith
55 a' cleachdadh chupannan a ghabhas cleachdadh a-rithist. Tha coltas ann gu bheil seo soirbheachail. Thuirteanach-labhairt bho aon chompanaidh, 'Tha sinn a' feuchainn ri sgudal a lùghdachadh, agus tha sinn a' fàs nas fheàrr gach bliadhna. Chaidh 537% a bharrachd de chupannan a ghabhas a chleachdadh a-rithist a cheannach anns an Dùbhlachd 2017 na chaidh a cheannach anns an Dùbhlachd 2016.'

'S e gnìomhachas mòr agus soirbheachail a tha ann an cofaidh agus tha leasachaidhean ùra
60 a' tachairt fad na tìde. Cò aig a tha fios dè seòrsa cofaidh a bhios againn an ceann deich bliadhna?

MARKS

Questions

Re-read lines 1–6.

1. What information does the writer give about the consumption of coffee? 2
2. The writer states that there are many different types of coffee. Give any **three**. 3

Re-read lines 7–13.

3. Why does the writer mention Yemen? 1
4. Coffee came to Europe in the 17th century. What further information does the writer give? 2

Re-read lines 14–18.

5. What information does the writer provide about *Starbucks*? Give a detailed answer. 4

Re-read lines 19–34.

6. The article introduces the concept of the 'third place'.
 - (a) What is the 'third place'? State any **two** things. 2
 - (b) In what way has the 'third place' changed on television over the years? 2
 - (c) What does the writer say about *Central Perk*? State any **one** thing. 1

Questions (continued)

Re-read lines 35–47.

7. The writer discusses takeaway coffees. What does he say? 3
8. The article mentions research carried out by an investment company into people's coffee buying habits.
- (a) What does the research say about people aged between 18 and 35? 2
- (b) What is the writer's opinion on this? 1
9. Now consider the article as a whole.
What is the writer's overall purpose in writing about this subject? Justify your response with close reference to the points made and the language used. 7

SECTION 2 — TRANSLATION — 20 marks

10. Translate the underlined section into English: (lines 48–58)
Le àireamh cho mòr . . . an Dùbhlachd 2016.

[END OF QUESTION PAPER]

[OPEN OUT]

DO NOT WRITE ON THIS PAGE

[BLANK PAGE]

DO NOT WRITE ON THIS PAGE